## Pàirt 1

**a.** Dè tha sònraichte mu Bheinn Nibheis? 2

**b.** Cuin a thòisich daoine air Beinn Nibheis a shreap? 1

**c.** Cò dhiubh seo a tha fìor? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

| | |
|---|---|
| | Bidh faisg air deich mìle neach ga sreap gach bliadhna. |
| | Bidh dà cheud mìle neach ga sreap gach bliadhna. |
| | Bidh mu cheud mìle neach ga sreap gach bliadhna. |

**d.** Cò bhios a' cleachdadh 'Slighe an Luchd-Turais? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

| | |
|---|---|
| | Luchd-turais nach eil cleachdte ri coiseachd. |
| | Luchd-coiseachd. |
| | Daoine air eich. |

**e.** Ainmich aon de na cur-seachadan eile (a bharrachd air coiseachd) ris am bi daoine air Beinn Nibheis? 1

## Pàirt 2

**a.** Cò bha uaireigin a' fuireach ann an togalach air mullach Beinn Nibheis? 1

**b.** Dè bhiodh iad a' dèanamh an sin? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa? 1

| | |
|---|---|
| | A' cumail sùil air an t-sìde. |
| | A' craoladh fiosrachadh mun t-sìde. |
| | A' cruinneachadh fiosrachadh sìde. |

**c.** Cò na daoine dom bheil am fasgadh air mullach na beinne? 2

**d.** Carson a tha droch shìde tric air Beinn Nibheis? 2

**e.** Dè tha air a ràdh mu shneachd air mullach na beinne? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa? 1

| | |
|---|---|
| | Bidh sneachd a' tuiteam air fad na bliadhna. |
| | Bidh sneachd domhainn aig a' mhullach. |
| | Bidh sneachd air, eadhon anns an t-samhradh. |

## Pàirt 3

a. Dè cho fada 's a chithear bho mhullach Beinn Nibheis aig amannan? 1

b. Dè bhios a' tachairt air a' bheinn gach bliadhna? 1

c. Dè a' chomhairle a tha aig Ealasaid Nic-a-Phì? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

| | |
|---|---|
| | Gun tuig daoine na cunnartan a bhios romhpa air a' bheinn. |
| | Gun toir iad fòn-làimh leotha. |
| | Gum bi na stuthan ceart aca. |
| | Nach coisich neach sam bith leis fhèin. |

## An earrann gu lèir

Smaoinich air an earrainn air fad.

**a.** Cò dha a tha an earrann seo? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

| | |
|---|---|
| | Daoine a tha air Beinn Nibheis a shreap mu thràth. |
| | Daoine a tha a' fuireach anns a' Ghearasdan. |
| | Daoine a tha a' tadhal air a' Ghearasdan. |
| | Daoine a tha a' beachdachadh air Beinn Nibheis a shreap. |

**b.** Dè an seòrsa earrainn a tha seo? 1

| | |
|---|---|
| | Earrann phearsanta. |
| | Earrann fhiosrachail. |
| | Earrann bheachdail. |

20